

Cuspair 17

Outcomes

Digital content: speakgaelic.scot

B1

Builean Ionnsachaidh | Learning outcomes

01	I can talk about towns and places in the Scottish Highlands.	Done? <input type="checkbox"/>
02	I am familiar with the history of the Highlands.	Done? <input type="checkbox"/>
03	I can use simple passive sentences to report what is or was said about a place.	Done? <input type="checkbox"/>
04	I can use conjunctions to give more detail about events.	Done? <input type="checkbox"/>
05	I can say what might have happened in different scenarios.	Done? <input type="checkbox"/>

1. Bailtean na Gàidhealtachd | Highland Towns

Ann an leasan seo tha sinn a' dol a thoirt sùil air **A' Ghàidhealtachd** 'The Highlands'. Bheir sinn sùil air ainmean-àite, air **eachdraidh** 'history' agus air cultaran na Gàidhealtachd san latha an-diugh.

Gàidheal *m* | Gael

Gàidheil *pl* | Gaels

A' Ghàidhealtachd *f* | The Highlands

Na h-Eileanan Siar | The Western Isles

Innse Gall | The Hebrides / Western Isles

Earra-Ghàidheal | Argyll

Canaidh sinn **A' Ghàidhealtachd** ris na pàirtean de dh'Alba tuath agus siar air loidhne na Gàidhealtachd. Gu h-eachdraidheil, b' iadsan na pàirtean de dh'Alba a bha fhathast a' bruidhinn na Gàidhlig nuair a bha an còrr de dh'Alba air gluasad gu Beurla. Tha am facal a' ciallachadh **Tìr nan Gàidheal** 'The land of the Gaels'.

Sgrìobh ✎ - Cuir na h-ainmean-àite a chì thu sa bhogsa gu h-ìosal air a' mhapa. Faodaidh tu bruidhinn ri caraid sa chlas, agus faodaidh tu faclair a chleachdadh.

An Gearasdan

Inbhir Narann

An t-Òban

A' Chomraich

Ulapul

Malaig

Port Rìgh

An t-Àth Leathann

Inbhir Pheofharain

An Aghaidh Mhòr

Baile a' Chaolais

Baile Ùr an t-Slèibh


Am Ploc

Druim na Drochaid

Taigh an Droma

Loch nam Madadh

Bàgh a' Chaisteil



Mar a chunnaic sinn le ainmean-àite na Galltachd ann an **Cuspair 10**, bidh na h-ainmean-àite leis **an alt chinnteach** 'the definite article' ag atharrachadh anns na diofar thuislean. Ma tha **an t-alt** ron ainm, bidh an t-ainm a' leantainn nan riaghailtean airson gnè an ainm.

Le **ainmearan sònrachaidh**, 'proper nouns' **gun alt cinnteach** 'without a definite article' ron ainm, bidh an t-ainm a' sèimheachadh anns an tuiseal ghinideach.



NOMINATIVE

DATIVE

GENITIVE

An Gearasdan *m*

anns **a' Ghearasdan**

muintir **a' Ghearasdain**

An t-Òban *m*

anns **an Òban**

port **an Òbain**

An t-Àth Leathann *m*

anns **an Àth Leathann**

talla **an Àth Leathainn**

An Aghaidh Mhòr *f*

anns **an Aghaidh Mhòir**

stèisean **na h-Aghaidh Mòire**

A' Chomraich *f*

anns **a' Chomraich**

sgoil **na Comraich**

Am Ploc *m*

anns **a' Phloc**

sgoil **a' Phluic**

Ulapul

ann an **Ulapul**

muintir **Ulapuil**

Ceann a' Ghiùthsaidh

ann an **Ceann a' Ghiùthsaidh**

sgìoba **Cheann a' Ghiùthsaidh**

Malaig

ann am **Malaig**

stèisean **Mhalaig**

Port Rìgh

ann am **Port Rìgh**

sgoil **Phort Rìgh**

Baile a' Chaolais

ann am **Baile a' Chaolais**

aiseag **Bhaile a' Chaolais**

Baile Ùr an t-Slèibh

ann am **Baile Ùr an t-Slèibh**

sgìoba **Bhaile Ùr an t-Slèibh**

Bàgh a' Chaisteil

ann am **Bàgh a' Chaisteil**

port **Bhàgh a' Chaisteil**

Sgrìobh ✎ - Cuir crìoch air na seantansan seo leis a' chruth cheart den ainm.

1. Dh'fhosgail Drochaid _____ ann an 1995. [An t-Eilean Sgitheanach]
2. Tha sgoil-chiùil ainmeil air _____. [Am Ploc]
3. Tha tòrr chùrsaichean Gàidhlig aig Àrd-sgoil _____. [Port Rìgh]
4. Bidh an tràna bhon fhilm Harry Potter a' stad aig stèisean _____. [Malaig]
5. Tha an rathad chun _____ iongantach! [A' Chomraich]

Feumaidh sinn cuimhneachadh gur e an dòigh as fheàrr air riaghailtean gràmair ionnsachadh a bhith ag ionnsachadh eisimpleirean. Tha ainmean-àite a' toirt dhuinn deagh chothrom sin a dhèanamh. Chì sinn na h-ainmean-àite ag atharrachadh ann an diofar shuidheachaidhean agus chì sinn **cruthan ginideach** 'genitive forms' annta gu tric.

- **An t-Eilean Sgitheanach** → **Drochaid an Eilein Sgitheanaich**
- **Druim na Drochaid** 'Ridge of the Bridge' → **Taigh an Droma** 'House of the Ridge'

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh mu bhailtean na Gàidhealtachd. **An deach thu a-riamh do Ghàidhealtachd na h-Alba? Cò am baile as fheàrr leat air a' Ghàidhealtachd? An rachadh tu gu baile no gu àite sònraichte gach bliadhna nuair a bha thu òg? An tèid thu a dh'àite sam bith air a' Ghàidhealtachd am-bliadhna? Cuine? Carson? A bheil àite air am bu toil leat tadhal air a' Ghàidhealtachd?**

2. Làraichean eachdraidheil | Historic Sites



Bidh tòrr dhaoine a' tadhal air **làraichean eachdraidheil** 'historic sites' air a' Ghàidhealtachd san latha an-diugh. Chithear dealbhan den chaisteal '**Eilean Donnain**' gu tric agus bidh daoine air feadh an t-saoghail ag aithneachadh nan dealbhan. 'S dòcha nach bi fios aca ge-tà gun deach an caisteal a thogail as ùr ann an 1932!

Tha **ionad-tadhail** 'a visitor centre' aig an làraich far an robh **Blàr Chùil Lodair** 'the Battle of Culloden' air 16 Giblean 1746. Tha am blàr seo uabhasach cudromach ann an eachdraidh na Gàidhealtachd, agus ann an eachdraidh na Gàidhlig. Tha àite mòr aig **na Seumasaich** 'the Jacobites' agus aig **Bliadhna Thèarlaich** 'the Year of Charles', 1745-46, ann an òrain agus bàrdachd na Gàidhlig agus thug na thachair buaidh mhòr air a' chànan.



Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh air làraichean eachdraidheil na Gàidhealtachd.


Dè an làrach eachdraidheil as fheàrr leat? An deach thu a-riamh gu Ionad-tadhail Bhlàr Chùil Lodair? An deach thu gu Caisteal Eilein Donnain a-riamh? Am bu toil leat a dhol ann? A bheil làraichean eachdraidheil far a bheil thusa a' fuireach? Dè tha, no nach eil, a' còrdadh riut mu bhith a' tadhal air làraichean eachdraidheil?

Sgrìobh ✎️ + **Bruidhinn** 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, smaoinichibh air àite air a' Ghàidhealtachd as toil leibh, no anns a bheil ùidh agaibh. Dèanaibh beagan rannsachaidh air an àite agus sgrìobhaibh **taisbeanadh goirid** 'a short presentation' mu dheidhinn an àite còmhla ri chèile. Faodaidh sibh fiosrachadh a lorg air an eadar-lìon ma tha fòn-làimh no coimpiutair agaibh. Às dèidh 5-10 mionaidean, bruidhnibh ris a' chlas agus innsibh dhaibh mun àite a thagh sibh.

... **far an robh** _ | ... where _ was
... **far a bheil** _ | ... where _ is
... **far am bi** _ | ... where _ will be

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-17-a-ghaidhealtachd-the-highlands

Cuimhnich gu bheil e cudromach gun èist sinn ri Gàidhlig cho tric 's a ghabhas agus gum bi sinn a' cleachdadh ghoireasan **leughaidh** agus **èisteachd** aig diofar ìrean, cuid a tha furasta agus cuid a tha dùbhlach. Chan eil e gu diofar mura h-eil sinn a' tuigsinn a h-uile rud aig an ìre seo. Tha **tar-sgrìobhadh** 'transcription' den chlàradh seo air **17B Duilleag Obrach**. Èist ris a' chlàradh seo co-dhiù dà thuras còmhla ris a' chlas. Tha cuid den bhriathrachas ùr a bhios a dhìth anns a' bhogsa gu h-ìosal.



PLAY SPEED CAN BE REDUCED ON VIDEOS AND AUDIO RECORDINGS

a' cumail a-mach | claiming
sineach *adv* | that 'sin'
ar-a-mach *f* | rebellion
dà fhichead | forty 'ceathrad'
a' cumail oirnn | continuing

a-rèiste *adv* | therefore, then 'ma-thà'
fàillig! *v* - **a' fàilligeadh** *vn* | fail! - failing
domhain *adj* | deep, profound
làrach *f* | site, impression
seachad (air) *adv* | past, passing

Chan eil e gu diofar mura do thuig sinn am pìos gu lèir. Tha e feumail a bhith a' cluinntinn deagh Ghàidhlig Eileanach agus a' fàs cleachdte rithe.

Èist 🎧 ris a' chlàradh aon turas eile, ach a-nis **Leugh** 📖 **an tar-sgrìobhadh** a gheibh sinn air **17B Duilleag Obrach**.

Sgrìobh 🖋️ - Freagair na ceistean seo mun chlàradh.

1. An e deagh rud a bh' ann am Blàr Chùil Lodair, am beachd Chailein?

2. Dè thug am blàr air a' Ghàidhealtachd?

3. Cuin a thachair ar-a-mach nan Seumasach?

4. Dè dh'fhàg am blàr air daoine, am beachd Choinnich?

5. Cuin a fhuair daoine seachad air an làraich dhomhainn?

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh mun chlàradh ris an do dh'èist sinn.

Dè do beachd, a bheil buaidh aig na thachair aig Blàr Chùil Lodair agus tro Bhlidhna Theàrlaich air a' Ghàidhealtachd san latha an-diugh? Dè nam biodh iad air buannachadh?

3. Eachdraidh na Gàidhealtachd | Highland History


Ged a tha an t-ainm **A' Ghàidhealtachd** ga chleachdadh sa Ghàidhlig san latha an-diugh airson 'The Highlands', tha am facal fhèin a' ciallachadh **Tìr nan Gàidheal** 'The Land of the Gaels', no àite far a bheil daoine a' bruidhinn na Gàidhlig.

Leugh 📖 **an earrann seo:**

Bhon 8mh linn bha **na Lochlannaich** a' riaghladh anns na h-Eileanan. Mean air mhean thàinig iad còmhla ris na Gàidheil a bha a' fuireach anns na h-Eileanan, is thog na Lochlannaich a' Ghàidhlig is phòs iad bana-Ghàidheil. 'S e na Gall-Ghàidheil a chanas sinn ris na daoine seo. Thòisich fear **Somhairle nan Eilean** (1100 gu 1164) a bhith a' gabhail smachd air na h-Eileanan agus stèidhich esan is a theaghlach **Rìoghachd nan Eilean**, nach robh fo smachd nan Lochlannach no Rìgh na h-Alba. Chaidh **Clann Dòmhnail** ainmeachadh às dèidh ogha Shomhairle, Dòmhnall. Ann an 1438, fhuair **Alasdair III** nan Eilean **Iarlachd Rois is an Eilein Sgitheanaich**. Bha buaidh cho mòr aig Rìoghachd nan Eilean air cha mhòr an dàrna leth den dùthaich is gun do dh'èirich còmhstri is cath eadar **na Stiùbhartaich**, Rìghrean na h-Alba, agus Rìoghachd nan Eilean. Cha b' urrainn ach aon Rìoghachd a bhith ann ann an Alba!

ALBA SA BHLIADHNA 1438

- GÀIDHLIG (MÒR-CHUID)
- RÌOGHACHD NAN EILEAN
- ▨ IARLACHD ROIS & AN EILEIN SGITHEANAICH
- BEURLA GHALLTA (MÒR-CHUID)



Rìoghachd na h-Alba | The Kingdom of Scotland
Rìoghachd nan Eilean | The Kingdom of the Isles
Na Lochlannaich | The Vikings / Scandinavians

Siorrachd Rois | Ross-shire
Iarlachd Rois | Earldom of Ross
Na Stiùbhartaich | The Stewarts

Tìr nam Beann, 's nan Gleann, 's nan Gaisgeach. | Land of the Mountains, and the Glens, and the Heroes.

Is treasa tuath na tighearna! | The peasantry is mightier than the lord!

➔ Theirigibh gu [17A Duilleag Mìneachaidh, 17B Duilleag Obrach, 17C Duilleag Geama]

Còmhradh:

Coimhead 📺 - Illustrated Scenario 17 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists

Etta: Seadh ma-thà, Sophie, tha thu air Peairt a ruighinn. Is toil leam fhìn mapa mòr seach sgrìn no fòn.

Sophie: Bidh mi ag atharrachadh trèana ann am Peairt, sin far am bi mi a' glacadh trèana eile a bhios a' dol a dh'Inbhir Nis. Tha mi an dòchas nach bi i air dheireadh gus nach bi mi air m' fhàgail san stèisean.

Etta: 'S e baile brèagha a th' ann am Peairt. Chan eil e ach mu thrì uairean gu leth à Inbhir Nis air an trèana.

Sophie: Mura bithinn ag iarraidh gu tuath, dh'fhuirichinn ann.

Etta: Mura bi thu air d' fhàgail ann am Peairt, bidh thu a-nis a' siubhal tro sgìre bhrèagha, le ainmean inntinneach.

Sophie: Dùn Chailleann. Tha dùn a' ciallachadh togalach, mar ghearastan no seòrsa de chaisteal...

Etta: Nuair a bha na Ròmanaich ann am Breatainn 's e Cailleannaich a bha aca air an t-sluagh a bha a' fuireach ann an Alba.

Sophie: Seadh. Dùn Chailleann!

Etta: Tha mi air a bhith a' rannsachadh nan sgìrean far a bheil dùil agad a dhol air do thuras leis gu bheil ùidh agam fhèin annta! Nise, a' dèanamh air Inbhir Nis... tha sinn anns a' Ghàidhealtachd a-nis.

Sophie: Ceann a' Ghiùthsaidh, sin far a bheil sinn a-nis; 's e craobh a th' ann an giuthas.

Etta: 'S e, agus tha fios againn uile dè th' ann an ceann, a bharrachd air an fhear seo!

Sophie: Sin an ceann shìos, seo an ceann shuas, sin an ceann thall, agus seo an ceann a-bhos.

Etta: An Aghaidh Mhòr? 'S dòcha an t-ath thuras? Tha thu a-nise air iomall Inbhir Nis, prìomh bhaile na Gàidhealtachd... Cùil Lodair!

Sophie: Tha mi air tòrr a leughadh mun bhlàr. Ach fiù 's mus ruig mi, bidh mi air gu leòr eile fhaicinn! Agus an rud as fheàrr, cuairt air Loch Nis. Cuairt locha, còmhla ri Dòmhnall MacDhòmhnail.

Etta: Tha thu a' dol air bàta Dhòmhnail Mhic Dhòmhnail. Tha mi eòlach air. Dòmhnall Sheumais Chaluum às na Hearadh!

Sophie: A bheil sibh dha-rìribh eòlach air?

Etta: Tha, ged a tha an t-ainm aige cumanta. Feumaidh fios a bhith agad mun teaghlach: Seumas, sin athair Dhòmhnail agus Calum, sin seanair Dhòmhnail, Dòmhnall Sheumais Chaluum.



4. Sgeulachd Mhath | A Good Story

Mar a tha fios againn, tha **ainmearan** 'nouns' anns a' Ghàidhlig an dà chuid **boireann** 'feminine' no **fireann** 'masculine' agus bheir seo buaidh air mar a bhios an t-ainmear ag atharrachadh anns na **tuislean** 'cases'.

Ged as e an dòigh as fheàrr **gnè ainmeir** 'a noun's gender' ionnsachadh a bhith ga ionnsachadh an toiseach le buadhair: **sgeulachd mhath, oidhche mhath, feasgar math, taigh math**, mar sin air adhart, tha dòighean eile ann.

Sgrìobh  - Cuir buadhair ris na h-ainmearan seo.

- | | | |
|-------------------|---------------------|--------------------|
| 1. oidhche _____ | 5. Fraingis _____ | 9. aimsir _____ |
| 2. doras _____ | 6. naidheachd _____ | 10. mionaid _____ |
| 3. sgìre _____ | 7. eilean _____ | 11. bliadhna _____ |
| 4. Gàidhlig _____ | 8. bàta _____ | 12. bò _____ |

Tha cuid de rudan: **cànain, tìde**, is **aimsir** boireann, ach faodaidh **litreachadh** 'spelling' beachd a thoirt dhuinn cuideachd. Theirig gu **17A Duilleag Mìneachaidh** airson tuilleadh.

Rìoghachd *f* | Kingdom

Iarlachd *f* | Earldom

Poblachd *f* | Republic

A' Ghàidhealtachd *f* | The Highlands

A' Ghalltachd *f* | The Lowlands

Siorrachd *f* | Shire, County

MÌNEACHADH | EXPLANATION:

-chd

?

We have seen a few nouns ending **chd**, pronounced 'chk'. These are always **feminine** when they have more than one syllable. There are a few short nouns ending in **chd** which are **masculine**. These nouns don't change their endings in different cases.

- | | | |
|-------------------------------|------------------------------|----------------------------|
| ▪ <u>n</u> aidhe <u>ach</u> d | ▪ <u>s</u> iorra <u>ch</u> d | ▪ <u>b</u> ea <u>ch</u> d |
| ▪ <u>s</u> geul <u>ach</u> d | ▪ <u>r</u> ìogha <u>ch</u> d | ▪ <u>a</u> chd |
| ▪ <u>i</u> arla <u>ch</u> d | ▪ <u>d</u> reuch <u>d</u> | ▪ <u>d</u> re <u>ach</u> d |

Breac à linne, slat à coille 's fiadh à fireach - mèirle às nach do ghabh Gàidheal riamh nàire.

| A trout from the river, a stick from the wood and a deer from the mountain - theft no Gael was ever ashamed of.

5. Mura robh... | If it wasn't...

Chunnaic sinn mar a chleachdas sinn **naisgearan** 'conjunctions' le gnìomhairean riaghailteach ann an **Cuspair 1**. Bheir sinn sùil an seo air naisgearan ùra agus cleachdaidh sinn iad le gnìomhairean riaghailteach san tràth chaithte.

Mar a tha sinn air fhaicinn, tha dà chruth aig gach gnìomhair, **an cruth neo-eisimeileach** 'the independent form' airson freagairt 'yes', no 'positive statement', agus **an cruth eisimeileach** 'the dependent form' airson ceistean, is 'negative statements'.

Coltach ris na ceistean **Ciamar, Cuine**, msaa, a bhios a' cleachdadh a' chrutha neo-eisimeilich, agus **Càite** a bhios a' cleachdadh a' chrutha eisimeilich, bidh na naisgearan a' cleachdadh diofar chruthan cuideachd. Chì sinn anns na clàran seo gum bi **nuair**, **ma** agus **bhon** a' dol leis **a' chruth neo-eisimeileach**, agus **mura**, **mus**, **far**, agus **gus** a' dol leis **a' chruth eisimeileach**.

nuair a ... | when ...
ma ... | if ...
bhon a ... | since ...

mura ... | if not ...
mus ... | before ...

far ... | where ...
gus ... | until ...

TACHAIR! | HAPPEN, TAKE PLACE!

An do thachair? ✓ **Thachair**

Did happen? Happened

Nach do thachair? ✗ **Cha do thachair**

Didn't happen? Didn't happen

THACHAIR

AN DO THACHAIR

Nuair **a thachair**...

Mura **do thachair**...

Ma **thachair**...

Mus **do thachair**...

Bhon **a thachair**...

Far **an do thachair**...

Gus **an do thachair**...

Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh air eachdraidh na Gàidhealtachd. Cleachd na nasgairean a chunnaic sinn gu h-àrd agus smaoinich air **dè bhiodh air tachairt mura biodh rudeigin eile air tachairt**. Feuch gun cleachd thu na ceistean agad fhèin cuideachd.

- **Mus do chaill na Seumasaich aig Blàr Chùil Lodair bha an t-uabhas de dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig. Mura do chaill iad bhiodh ... Nam biodh ...**
- **Mura do thachair Blàr Chùil Lodair far an do thachair e, am biodh na Seumasaich air buannachadh?**
- **Gus an do thòisich na fuadaichean bha barrachd dhaoine a' fuireach air a' Ghàidhealtachd. Mura do thachair na fuadaichean bhiodh ...**



Dè nan robh? | What if _ was?

Nuair a bhios sinn a' bruidhinn air an àm a dh'fhalbh, agus a' beachdachadh air **dè bhiodh air tachairt nam biodh rudeigin eile air tachairt** 'what would have happened if something else would have happened', tha dà dhòigh chumanta ann 'if would' a ràdh.

Chunnaic sinn mar-thà gu bheil **nam biodh** a' ciallachadh 'if would'. Ach bidh daoine cuideachd ag ràdh **nan robh** an àite **nam biodh**.

PAST	PRESENT	FUTURE	CONDITIONAL
Ma bha ...	Ma tha ...	Ma bhios ...	Nam biodh ... Nan robh ...*
Mura robh ...	Mura h-eil bheil ...	Mura bi ...	Mura biodh ...

* The form **nan robh** is a common alternative form of **nam biodh** and these are used interchangeably to say 'if _ would'.

Èist 🎧 - www.bbc.co.uk/sounds/play/p0f325sr

Tha prògram air **BBC Radio nan Gàidheal** air a bheil **Dè nan robh?** far a bheil Coinneach Mac a' Ghobhainn a' bruidhinn ri eòlaichean eachdraidh mu dheidhinn tachartasan a dh'fhaodadh a bhith air ar n-eachdraidh atharrachadh mura robh iad air tachairt mar a thachair iad. Anns a' phrògram seo tha Coinneach a' faighneachd: **Dè nan robh Tighearnas nan Eilean air maireachdainn?**

Coinneach: A Chatrìona, dè ur beachd fhèin air **na bhiodh** air tachairt **nan robh** Aonghas Òg air maireachdainn beò air an oidhche a bha siud?

Catrìona: Dh'fhalbh siostam sòisealta agus poilitigeach agus nuair a tha rud dhen t-seòrsa sin a' tachairt tha e a' fàgail beàrn. **Nam biodh** Aonghas Òg agus Na Dòmhnallaich air a bhith soirbheachail agus an Tighearnas a chumail ri chèile, **cha bhiodh** sin air tachairt. **Nam biodh** Na Dòmhnallaich air a bhith soirbheachail, **nam biodh** Aonghas Òg air a bhith beò agus **nam biodh** an Tighearnas air a bhith seasmhach, **bhiodh** tu air saoghal gu tur eadar-dhealaichte fhaicinn tha mi a' smaoinichadh. **Bhiodh** ceannsachadh air choreigin no riaghladh air choreigin air a bhith air an Rìoghachd, air an Tighearnas agus **bhiodh** sin air cumadh a thoirt dha na dòighean sòisealta, siostam poilitigeach agus dìreach **mar a bhiodh** daoine gan giùlan fhèin.



Bruidhinn 🗣️ - Le caraid, no ann am buidheann beag, dèan còmhradh air na beachdan agad fhèin air a' cheist: **Dè nan robh Tighearnas nan Eilean air maireachdainn?**

6. An Tuiseal Gairmeach | The Vocative Case

Aig fìor thoiseach a' chùrsa **A1**, dh'ionnsaich sinn mun tuiseal ghairmeach agus mar a bhios ainmean ag atharrachadh nuair a bhios sinn a' bruidhinn ri cuideigin gu dìreach. Ach ma chleachdas sinn an **sloinneadh** 'surname' cuideachd bidh seo a' dol dhan tuiseal ghairmeach, mar a bhios am prìomh ainm. Cuimhnich nach bi **a** ann ro ainmean a tha a' tòiseachadh le **fuaimreag** no **f + fuaimreag**. Cha bhi ainmean boireann **a' caolachadh** 'slenderising' mar a bhios ainmean fireann:

- **Dòmhnall MacDhòmhnail** → **A Dhòmhnail MhicDhòmhnail!**
- **Seumas MacLeòid** → **A Sheumais MhicLeòid!**
- **Iain Moireastan** → **Iain Mhoireastain!**
- **Màiri NicSuain** → **A Mhàiri NicSuain!**
- **Fionnghal NicDhòmhnail** → **Fhionnghal NicDhòmhnail!**

Bidh **sloinnidhean** 'surnames' cuideachd a' cleachdadh an tuiseil ghinidich gu math tric. Nuair a bhios **mac** no **nic** anns an t-sloinneadh tha sin ag ràdh 'son of...' no 'daughter of...'. Chunnaic sinn eisimpleir anns a' chòmhradh:

- **Dòmhnall MacDhòmhnail** | Donald Son of Donald
- **Bàta Dhòmhnail MhicDhòmhnail** | The boat of Donald Son of Donald
- **Dòmhnall Sheumais Chalum** | Donald of James of Calum
- **Athair Dhòmhnail** | the father of Donald / Donald's father

Sinnsireachd | Ancestry

Faodaidh **sloinneadh** cuideachd a bhith a' ciallachadh 'patronymic', ainm a tha ag innse cò b' athair is bu sheanair dhut. Tha na h-ainmean seo fhathast cumanta am measg nan Gàidheal. Chunnaic sinn eisimpleir anns a' chòmhradh far an tuiirt Etta gun robh i eòlach air **Dòmhnall**

Sheumais Chalum 'Donald of James of

Calum'. Tha cuid de dhaoine comasach air an t-ainm seo aithris cho fada air ais ri sia, seachd no fiù 's ochd **ginealaichean** 'six, seven or even eight generations'!

Bruidhinn 🗣️ - A bheil thu eòlach air an t-sloinneadh shinnsireil agadsa? Obraich a-mach an sloinneadh agad cho fada air ais agus as urrainn dhut. Nuair a tha thu deiseil, innis do shloinneadh don chlas.

→ Theirigibh gu [17A Duilleag Mìneachaidh, 17B Duilleag Obrach, 17C Duilleag Geama]

